

AINM: _____

CLAS: _____

lìre 4-5 Luchd-ionnsachaidh

Na Stocainnean

le Iain Mac a' Ghobhainn



Airson barrachd fiosrachaiddh mu luchd-siubhail, coimhead air www.ambaile.org fo Eacaonamaidh – luchd-siubhail.

For more information on the traveling people, look at www.ambaile.org under Economy.

Faclair

Vocabulary

Leugh an sgeulachd. Coimhead air na faclan/abairtean gu h-ìseal a nochd san sgeulachd. Tagh a' chiall as fhaisge do gach facal no am facal a tha a' ciallachadh an aon rud. Faodaidh tu faclair a chleachdadh.


Read the story. Look at the words/phrases below all of which appeared in the story. Choose the nearest meaning for each word. You may use a dictionary.

1. banntrach

- (a) a man who never married
- (b) a man or a woman whose wife/husband has died
- (c) a woman who has never married
- (d) a woman of the travelling people

2. pluicean

- (a) eyes
- (b) cheeks
- (c) lips
- (d) hands



Bhiodh e fhèin 's feadhainn de na balaich a' togail teanta as t-samhradh ach bhiodh mac na bana-cheaird a' fuireach ann an teanta fad na tide.

3. spòn

- (a) to catch hold
- (b) fighting
- (c) hurting
- (d) jumping

4. neasgaid

- (a) a wild animal common to the Highlands
- (b) a place where birds next
- (c) a boil on the skin
- (d) a scarf for keeping the neck warm



5. a' gabhail bratha

- (a) fighting
- (b) telling on
- (c) helping
- (d) tying

Bha an dithis a' cur nan car air talamh chruaidh an raoin-chluiche.

Ceistean

Questions

Tha an sgeulachd air fad air a h-innse a-rithist gu h-iosal ach tha i san òrdugh cheàrr. Ann am páidhrichean, smaoinichibh air an stòiridh a-rithist agus cuiribh gach pìos san òrdugh cheart. Chaidh a' chiad fhear a dhèanamh dhuibh mar-thà. Cùm sùil air an fhaclair airson cuideachadh a bharrachd a thoirt dhut.

The story has been told again below but is in the wrong order. In pairs, work out the right order. The first one has been done for you. The faclair below should also be useful.

a	Thug a' bhantrach stocainnean uaine le daoimeanan deurga dhan bhan-cheàird.
b	Fhuair lain trì stràcan bhon tidsear airson a bhith cho mì-mhodhail.
c	Bha lain a' faireachdann na b' fheàrr nuair a chaidh e dhachaigh an oidhche ud.
d	Bha lain, mac na bantraich, ann an clas Miss MacDonald.
e	Thàinig ban-cheàrd gu doras bantraich.
f	Chuir lain stad air na sgoilearan eile a bha ag obair air mac na ban-cheàird.
g	Bha lain gu math fiadhaich agus leum e air mac na ban-cheàird.
h	Cha robh a' bhantrach ag iarraidh dad a cheannach.
i	Chunnaic mac na bantraich na stocainnean air mac na ban-cheàird.
j	Bhruidhinn Miss MacDonald ris an dithis ghille.
k	Nuair a thòisich mac na ban-cheàird ri gal, thug lain nèapraige dha.
l	Thuirt mac na ban-cheàird gun d' fhuair e na stocainnean bho mhàthair
m	Aig àm pleadha, thug lain an aire gun robh toll mòr ann an geansaidh mac na ban-cheàird.
n	Dh'íarr lain air a' ghille eile na stocainnean a chumail.

1	2	3	4	5	6	7	8	9	10	11	12	13	14
e													

Faclan feumail

Useful words

daoimean	diamonds
stràicean	strikes
ag obair air	bothering/teasing
a' gal	crying
nèapraige	handkerchief
àm pleadha	interval time
dh'iarr	asked/invited


Cànan

Language

Thig piseach air sgrìobhadh agus labhairt tro bhith a' fàs eòlach air faclan agus abairtean ùra. Coimhead air na faclan gu h-iosal agus dèan cinnteach gu bheil thu eòlach orra uile mus tòisich thu air an ath phios-obrach. Tagh 6 abairtean agus sgrìobh seantasan ùra leis na h-abairtean. Chaidh eisimpleir a dhèanamh dhut.

Look at the words/phrases below and make sure you know them all before you start the next piece of work. Choose 6 phrases and make a new sentence with each. An example has been done for you.

Facal/abairt	Ciall
leth-cheud bliadhna	fifty years
triùir bhalach	three boys
tapaidh	well-built
gaoth thioram	a dry wind
àrd, tana	tall, thin
coltach ri	like/similar to
stocainnean dathte	coloured socks
an ìre mhath	quite
cruaidh air a' chloinn	hard on the children
sa bhad	immediately
rug e air an dithis aca	he got hold of the two of them
feargach	angry
air cuimhne a chall	forgotten
Cha tuirt mi smid.	I didn't say a word.



Obair buidhne

Group work

Leughadh/Eisteachd

Reading/Listening

Coimhead air na pìosan fiosrachaiddh gu h-ìosal. Turas mu seach, bu chòir do chuideigin bhon sgioba an earrann a leughadh do chàch. Cuidichidh am faclair thu le faclan/abairtean ùra.
Freagair na ceistean ann am Beurla an dèidh gach pìos.

Look at the pieces of information below. Members of the group should take it in turns to read each section to the others. Use a dictionary to help you. Answer the questions in English after each section.

- (a) **Tha m' athair leth-cheud bliadhna a dh'aois an-diugh. Tha trìuir bhalach san teaghlaich – mi fhìn agus mo bhràithrean, Calum agus Coinneach. 'S e balach mòr, tapaidh a th' ann an Calum ach tha mi fhìn agus Coinneach àrd, tana, coltach ri peansail.**
- (1) What age is the boy's father today?
 - (2) How many are in his family?
 - (3) How is Calum different from the others?
- (b) **Bha an t-side uabhasach an seo an-dè. Bha i fliuch agus fuar. Tha latha math ann an-diugh ged a tha gaoth thioram, fhuar ann.**
- (1) What was the weather like yesterday?
 - (2) How has it changed today?
- (c) **Thàinig nighean ùr dhan sgoil Diluain. Bha stocainnean dathte oirre, sgiorta fhada agus seacaid ghoirid dhubbh.**
- (1) What happened on Monday?
 - (2) Describe the clothes mentioned.
- (d) **Bha an tidsear an ire mhath toilichte le obair a' chlas Diardaoin. Tha Mgr Caimbeul crosta agus tha e cruidh air a' chloinn uaireannan. Bha Seumas agus Dòmhnull a' sabaid aon latha. Thàinig Mgr Caimbeul a' steach agus dh'èigh e "Stadaibh sin anns a' bhad!" Rug e air an dithis aca agus thug e gu oifis a' Cheannaird iad. Bha na gillean a' gal aig an doras.**
- (1) How did the teacher feel about the class on Thursday?
 - (2) What is he normally like?
 - (3) What happened when Donald and James were fighting one day?
 - (4) How did the boys react to this?
- (e) **Ann am Matamataig an-diugh bha mi air cuimhne a chall air na rinn mi an-dè. Cha tuirt mi smid agus bha an tidsear feargach nuair a choimhead e air an leabhar agam.**
- (1) What happened in Maths today?
 - (2) What did he say to the teacher?
 - (3) How did the teacher react to this?

